


AINM: \_\_\_\_\_

CLAS: \_\_\_\_\_

Ire 4-7 Fileantaich

# Cogais Ghoirt

## Ie Dòmhnullas Alasdair Dòmhnullach



### Faclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chì agus lorg a' chiail cheart dhaibh bhon liosta air an taobh dheas:

dreuchd	bàtaichean
dèile	dotair a nì opairèisean
eathraichean	àite far an robh lot
lannsair	obair
os-nàdarrach	bòrd fiodha
sàraich	à saorghal eile
làrach	cuir dragh air

### Ceistean

- Tha ochd de na seantansan a leanas fior mun stòiridh. Tagh an fheadhainn a tha ceart agus sgrìobh iad.

- Thachair an stòiridh seo mu fhichead bliadhna air ais.
- Bha an sgrìobhadair a' feitheamh ri bàta nuair a thachair e ris an duine eile.
- Bha làrach dearg air aodann an duine.
- Bha an duine ag innse don sgrìobhadair mu na thachair dha nuair a thuit e bho mhullach sgafail.
- Dh'innse an duine an sgeulachd mun sgafal bhon a bha e airson sealltainn dè dhèanadh fior ghaisgeach ann an suidheachadh mar sin.

6	Bha an duine air long-cogaidh nuair a bhual dà thoirpìodo ann.
7	Cha b' aithne dha an duine a nochd ri a thaobh nuair a leum iad uile a-steach don uisge.
8	Cha robh comas snàimh aig an duine a nochd ri a thaobh san uisge.
9	Bhual e an duine eile mu aodann airson e fhèin a shàbhaladh.
10	Shàbhail e an duine ged a chaidh e fhèin a ghoirteachadh.
11	Bha e toilichte gun d' rinn e seo airson e fhèin a chumail beò.
12	Cha d' fhuair e riamh seachad air na rinn e sa chogadh.
13	Thuirt fear a' bhàta ris an sgrìobhadair gun deach am fear air an robh e a' bruidhinn a thìodhlacadh an-dè.
14	Thuirt fear a' bhàta ris an sgrìobhadair nach robh a leithid de dhuine ann riamh.

2. Mìnich mar a nochd an duine aig toiseach an stòiridh.
3. Carson a bha an duine cho draghail mu na rinn e sa chogadh?
4. Ciamar a dh'fheuch an sgrìobhadair ri furtachd a thoirt don duine?
5. Saoil carson a nochd an taibhs airson a stòiridh innse do chuideigin eile air an latha shònraichte ud?
6. Saoil carson a thagh an taibhs an sgrìobhadair airson a sgeul innse?
7. Saoil ciamar a bha an sgrìobhadair a' faireachdainn nuair a dh'inns fear a' bhàta dha a naidheachd?

*Dhìrich e a-mach à lag faisg air a' chidhe...*

### Sgrìobhadh

Ann an sgeulachdan os-nàdarrach, tha e cudromach gum bi an suidheachadh ceart airson an sgeul innse. Seall a-rithist air mar a chaidh an sgrìobhadair ris an seo:

**"Ged a bha a' ghrian air a dhol fodha, bha am feasgar blàth, ciùin agus bha beagan de cheò air cruinneachadh 's na h-àitichean iosal. Bha mi nam shuidhe air bruach uaine ri taobh cidhe beag. Bha am muir mar ghlainne agus an t-sàmhchair cho domhainn 's gun saoilinn nach robh duine**

**air an t-saoghal ach mi fhìn. Cha b' fhada gus am faca mi gun robh aon duine eile ann co-dhiù. Dhìrich e a-mach à lag faisg air a' chidhe anns an robh ceò air laighe, 's shuidh e ri m' thaobh agus chuir e fàilte orm."**

Sgrìobh sgeulachd os-nàdarrach a' mìneachadh na thachair agus a' dèanamh cinnteach gu bheil thu ga h-innse ann an dòigh a tha a' toirt air daoine a bhith gad chreidsinn agus a bhith ag èisteachd riut. Dh'haodadh iad seo a bhith gu feum mar phàirt den sgeulachd:

- sìde
- àite freagarrach
- àm den latha
- caractaran freagarrach a tha air an cruthachadh gu faiceallach, an dà chuid ann an coltas agus nàdar.